



Geàrr-chunntas

Tha an ceathramh pàipear seo san t-sreath ‘A’ togail Alba Ùr’ a’ mìneachadh:

- mar as urrainn do dhaoine ann an Alba cumadh a thoirt air mar a dh’obraicheadh dùthaich a tha dìreach air neo-eisimeileachd fhaighinn
- mar a dh’fhaodadh neo-eisimeileachd cruth-atharrachadh a thoirt air far a bheil cumhachd, le bhith a’ cur uachdranas nan daoine a tha a’ fuireach ann an Alba an àite uachdranas Westminster
- mar a dh’fhaodadh bun-reachd sgrìobhte còraichean agus co-ionannachd a chur aig a chridhe, a’ gabhail a-steach tro bhith a’ dìon na còrach a dhol air stailc agus a’ toirt aithne bhun-reachdail do NHS na h-Alba
- mar a ghabhadh bun-reachd sgrìobhte maireannach a chruthachadh le muinntir na h-Alba agus leis a’ phàrlamaid thaghte aca, a’ toirt bun-reachd do dh’Alba a tha iomchaidh airson dùbhlain an àm ri teachd

Tha an [aithisg shlàn](#) a’ toirt seachad barrachd mion-fhiosrachaidh mu na molaidhean seo, mion-sgrùdadh air an fhianais a tha gam fiosrachadh, a bharrachd air iomraidhean air tùsan.

Carson a tha feum aig Alba air bun-reachd sgrìobhte 'S e seata de riaghailtean a th’ ann am bun-reachd a tha a’ stiùireadh mar a tha dùthaich ag obair. Tha e a’ gabhail a-staigh:

- prionnsabalan a tha a’ mìneachadh mar a dh’fheumas an dùthaich a bhith air a riaghladh
- dè na h-institiudan a bhios aig an dùthaich (mar a’ phàrlamaid, an riaghaltas agus na cùirtean lagha) agus dè an dàimh eatorra
- mar a tha cumhachdan air an riaghladh leis na h-institiudan sin
- prìomh chòraichean aig, agus, anns na h-eisimpleirean as fheàrr, dìonan co-ionannachd airson, muinntir na dùthcha

Eu-coltach ris a’ mhòr-chuid de dhùthchannan, chan eil sgrìobhainn bhun-reachdail shingilte aig an Rìoghachd Aonaichte. An àite sin, tha farsaingeachd de laghan, gnàthasan, ro-eisimpleirean agus breithneachaidhean cùirte ann. Tha bun-bheachd ‘uachdranas pàrlamaideach Westminster’, far a bheil an t-ùghdarras deireannach aig ‘Crùn-sa-Phàrlamaid’, mar bhunait air bun-reachd na RA. Mar thoradh air uachdranas

pàrlamaid na RA, faodaidh Westminster cumhachdan Pàrlamaid no Riaghaltas na h-Alba atharrachadh aig àm sam bith, le mòr-chuid shimplidh anns gach Taigh den Phàrlamaid, Gabhaidh laghan a rinneadh ann an Alba le Pàrlamaid na h-Alba, air a taghadh le muinntir na h-Alba, a bhith air an ais-ghairm le Pàrlamaid Westminster. Gu dearbha, dh'fhaodadh fiù 's fèin-riaghladh fhèin a bhith air ais-ghairm le Pàrlamaid Westminster, a dh'fhaodadh lagh aontachadh gus Achd na h-Alba ath-ghairm agus gus cur às do Phàrlamaid na h-Alba.

Bhiodh neo-eisimeileachd na chothrom do dhaoine ann an Alba bun-reachd maireannach, ùr-nodha, sgrìobhte a chruthachadh do dh'Alba.

Stèidhicheadh aon sgrìobhainn bhun-reachdail am frèama airson Alba mar stàit ùr-nodha, dheamocratach. Bhiodh e a' mìneachadh agus a' dìon còraichean dhaoine.

Tha dealas aig Riaghaltas na h-Alba a bhith a' leudachadh agus a' dìon chòraichean daonna agus dìonan co-ionannachd do dhaoine ann an Alba. Ach, tha a chomas sin a dhèanamh cuingealaichte leis an rèiteachadh fèin-riaghlaidh. Chuidicheadh neo-eisimeileachd do dh'Alba gus còraichean fhaighinn agus gus co-ionannachd a dhaingneachadh barrachd le bhith gan cur aig cridhe a bun-reachd.

Bhiodh bun-reachd airson Alba neo-eisimeileach a' ciallachadh nach biodh uachdranas Pàrlamaid Westminster air Alba tuilleadh.

Mar a chruthaichear bun-reachd ùr-nodha

Tha Riaghaltas na h-Alba den bheachd gum bu chòir bun-reachd Alba neo-eisimeileach a bhith stèidhichte air uachdranas an t-sluaigh agus a bhith a' nochdadh luachan na h-Alba mar nàisean ùr-nodha, dheamocratach, Eòrpach.

Gus seo a choileanadh, tha Riaghaltas na h-Alba a' moladh:

- bun-reachd eadar-amail, a rachadh a chur an gnìomh air latha na neo-eisimeileachd
- bun-reachd maireannach a rachadh a chruthachadh leis na daoine tro Cho-chruinneachadh Bun-reachdail a bhiodh builichte gu laghail
- referendum a leigeas le daoine ann an Alba co-dhùnadh air a' bhun-reachd mhaireannach

Bun-reachd eadar-amail

Rachadh bun-reachd eadar-amail na h-Alba a chruthachadh tro cho-chomhairle agus còmhraidh le daoine ann an Alba agus thogadh e air na bunaitean riaghaltais làidir a tha ann mar-thà. Bhiodh e a' dol an gnìomh air an latha a gheibheadh Alba neo-eisimeileachd, a' toirt seachad seasmhachd agus soilleireachd fhad 's a tha bun-reachd maireannach ga chruthachadh.

Bhiodh am bun-reachd eadar-amail a' toirt cunntas air an t-seòrsa stàite a bhiodh ann an Alba: aig àm neo-eisimeileachd bhitheamaid nar dùthaich le monarcachd bhun-

reachdail agus deamocrasaidh pàrlamaideach. Stèidhicheadh e uachdranas nan daoine agus mhìnichheadh e prìomh institiudan na stàite, a bharrachd air na pròiseasan deamocratach aice agus na buidhnean riaghlaidh is stiùiridh neo-eisimeileach. Dhèanadh seo cinnteach gum biodh institiudan mar Riaghaltas na h-Alba agus Pàrlamaid na h-Alba cunntachail dhan t-sluagh. Bheireadh e aithne bhun-reachdail dhan NHS ann an Alba. Tha Riaghaltas na h-Alba cuideachd a' moladh gum bu chòir bun-reachd eadar-amail do dh'Alba dleastanas a chur air Riaghaltas na h-Alba di-armachadh niuclasach a chur air adhart.

Bhiodh am bun-reachd eadar-amail a' fighe a-steach còraichean daonna a tha air am mìneachadh anns a' Chùmhnant Eòrpach air Còraichean Daonna (ECHR), a bharrachd air na prìomh chùmhnantan còraichean daonna eadar-nàiseanta co-cheangailte ri còraichean eaconamach, sòisealta agus cultarail agus còraichean chloinne, boireannaich, coimhearsnachdan mion-chinnidh, daoine air a bheil ciorram agus fògarraich, agus còir air àrainneachd fhallain. Bhiodh am bun-reachd eadar-amail a' gabhail a-steach còir air siostam cùram-slàinte an-asgaidh, agus dìon a chur air còraichean luchd-obrach, a' gabhail a-steach còir air stailc. Bhiodh e cuideachd a' leabachadh dhìonan co-ionannachd agus a' gabhail a-steach dleastanas airson a bhith ag adhartachadh co-ionannachd chothroman do na h-uile.

Le neo-eisimeileachd, bhiodh na còraichean sin a' gabhail a-steach gach cuid cùisean a tha tiomnaichte agus cùisean a tha glèidhte an-dràsta. 'S iad na cùisean tiomnaichte an fheadhainn far a bheil cumhachd aig Pàrlamaid na h-Alba laghan a dhèanamh, leithid slàinte agus ceartas; 's iad na cùisean glèidhte aig an àm seo an fheadhainn far a bheil cumhachd aig Pàrlamaid Westminster laghan a dhèanamh, a' gabhail a-steach cùisean cèin, lagh cosnaidh agus in-imrich. Le neo-eisimeileachd ghabhadh laghan sam bith nach bhiodh co-chosmhail ris na còraichean sin thar raointean glèidhte a bhith air an cur às.

Chuireadh am bun-reachd eadar-amail dleastanas air Pàrlamaid na h-Alba cuideachd Co-chruinneachadh Bun-reachdail a stèidheachadh às dèidh neo-eisimeileachd, gus bun-reachd sgriobhte maireannach a dhreachdadh do dh'Alba.

Bun-reachd maireannach

Bu chòir gum biodh dreachdadh den bhun-reachd maireannach na iomairt nàiseanta cho-roinnte. Bu chòir dha a bhith na phròiseas farsaing agus in-ghabhalach, a' ruighinn a-mach do shluagh na h-Alba air fad. Bu chòir buill de Cho-chruinneachadh Bun-reachdail na h-Alba a bhith air am fastadh bho air feadh na h-Alba, a' dèanamh cinnteach gu bheil raon farsaing de dhaoine, choimhearsnachdan agus bhuidhnean, a' gabhail a-steach eòlaichean agus riochdairean bho dhiofar bhuidhnean air feadh a' chomainn-shòisealta an sàs san oidhirp nàiseanta cho-roinnte gus bun-reachd a chruthachadh.

Bhiodh e an urra ris a' Cho-chruinneachadh Bhun-reachdail am bun-reachd maireannach aca a thaisbeanadh do Phàrlamaid na h-Alba, ag aithneachadh gum feum bun-reachd ùr sam bith a bhith deamocratach agus laghail.

Bhiodh Pàrlamaid na h-Alba an uair sin a' beachdachadh air an dreachd bhun-reachd maireannach, agus an uair sin ga chur gu muinntir na h-Alba airson an aonta fhaighinn ann an referendum. Nan rachadh gabhail ris, bhiodh e an uair sin na bhun-reachd maireannach, sgrìobhte do dh'Alba.

Ann am beachd Riaghaltas na h-Alba, bu chòir gum biodh am bun-reachd maireannach na sgrìobhainn bheò, comasach air atharrachadh thar ùine gus am biodh e daonnan buntainneach. Bu chòir dha, ge-tà, a bhith a' gabhail a-steach dìonan bun-reachdail nach gabh atharrachadh le riaghaltas le mòr-chuid phàrlamaideach shìmplidh, ach a ghabhas atharrachadh nuair a bhios feum air.

Bhiodh am bun-reachd maireannach na bhunait air am biodh gnìomhachd phàrlamaideach is riaghaltais uile stèidhichte ann an Alba neo-eisimeileach.

A' dìon chòraichean is co-ionannachd

Tha dealas aig Riaghaltas na h-Alba cultar làidir chòraichean daonna a chur air adhart ann an Alba, a' dèanamh cinnteach gu bheil còraichean daonna bun-reachdail agus dìonan co-ionannachd air an cur an gnìomh, air an sgrùdadh agus air an aithris gu h-èifeachdach agus gu bheil fuasglaidhean ruigsinneach rim faighinn.

Tha Riaghaltas na h-Alba den bheachd gum biodh e ceangailte leis na h-aon chùmhantan eadar-nàiseanta agus, aig toiseach chùisean, gum biodh na h-aon dleastanasan còraichean daonna eadar-nàiseanta aig Alba, 's a tha aig an RA aig àm neo-eisimeileachd. Bheireadh neo-eisimeileachd cothrom do dh'Alba cuideachd beachdachadh air barrachd chùmhantan còraichean daonna eadar-nàiseanta a dhaingneachadh.

Co-dhùnadh

Bheireadh neo-eisimeileachd cothrom do mhuinntir na h-Alba bun-reachd a chruthachadh a mhìnichheadh mar a dh'obraicheadh ar dùthaich.

Bheireadh bun-reachd ùr cothrom dhuinn còraichean agus co-ionannachd a chur aig cridhe deamocrasaidh na h-Alba.

© Riaghaltas na h-Alba, 2023

ISBN: 978-1-83521-018-5

Air fhoillseachadh le Riaghaltas na h-Alba, an t-Ògmhios 2023

Air a dhèanamh airson Riaghaltas na h-Alba le APS Group Scotland, 21 Sràid Tennant, Dùn Èideann EH6 5NA PPDAS1151962 (06/23)